



Comann nam Pàrant
Gaelic Medium Education in Scotland



COMANN NAM PÀRANT CUAIRT LITIR

AM FOGHAR/GEAMHRADH
2011



COMANN NAM PÀRANT

Facal-toisich

Fàilte gu cuairt-litir Chomann nam Pàrant. 'S e seo a' chiad iris de chuairt-litir a tha sinn an dòchas a thèid fhoillseachadh gu ràitheil anns am bi fiosrachadh agus nithean a bhios inntinneach do phàrantan aig a bheil clann ann an Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

Bho chionn ghoirid tha mi air coinneachadh le pàrantan ann an Glaschu agus Tiorodh a tha dèidheil air buidhnean Comann nam Pàrant a stèidheachadh às ùr agus tha comataidh a-nis anns an dà àite le plana gnìomh airson na buidhne. 'S e aon de na prìomhachasan a th' aig buidheann Ghlaschu taic a thoirt don iomairt gus dàrna bun-sgoil Ghàidhlig a stèidheachadh sa bhaile, rud a tha dhìth airson còmhachadh ris an iarrtas àrd airson FMG. Ann an Tiorodh, tha pàrantan airson taic a thoirt dhan sgoil gus tidsear le Gàidhlig fhastadh airson fòrladh màthaireil eadar an Fhaoilleach agus a' Chèitean an ath-bhliadhna. Ma tha sibh eòlach air tidsear ris an còrdadh beagan mhìosan a' teagasg air eilean, iarraibh orra fios a leigeil thugainn.



Fhad 's a tha pàrantan ann an Glaschu a' gluasad a chum sgoil eile sa bhaile, tha pàrantan an Dùn Èideann a' cur fàilte bhlàth air co-dhùnadh an ùghdarras ionadail gus sgoil Ghàidhlig fa leth a stèidheachadh sa bhaile. 'S e deagh naidheachd a tha seo dhan phrìomh bhaile againn agus dearbhadh air an iomairt chruaidh a rinn pàrantan FMG thairis air iomadh bliadhna gus sgoil a stèidheachadh.

Tha sinn an dòchas gun cuir buidhnean ionadail thugainn pìosan sgrìobhaidh airson irisean san àm ri teachd agus gum faic sinn ceangalan eadar buidhnean ionadail gan daingneachadh tron chuairt-litir tro bhith a' co-roinn fiosrachaidh agus eòlasan feumail.

Magaidh Wentworth



Facebook!

S' urrainn dhuibh a-nis a leantainn na naidheachdan as ùire bho Chomann nam Pàrant air Facebook agus Twitter!

Bidh na duilleagan air an ùrachadh nuair a nochdas fiosrachadh neo naidheachd a bhios feumail dha pàrantan is daoine a tha ag obair le foghlam Gàidhlig.

Bidh iad cuideachd feumail (gu h-àiridh Facebook) mar lìonra far an urrainn dha pàrantan a bhith conaltradh air diofar chuspairean agus airson co-obrachadh feadh na dùthcha.

So thalla a-null gu Facebook www.facebook.com/ComannNamParant neo gu Twitter @ComannNamParant !



COMANN NAM PÀRANT

Oifigear CnamP Ùr - Coinneach Maccoinneach

Is mise Coinneach MacCoinnich. Tha mi dìreach air ceumnachadh bho Oilthigh Obar Dheathain le ceum ann an Gàidhlig. Thòisich mi Gàidhlig a bhruidhinn anns a' chròileagan air ais ann an 1992 agus as dèidh sin chaidh mi tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann am Bun-sgoil Inbhir Pheofharain, Nuair a bha mi sa bhun-sgoil chaidh mi do Sradagan agus Fèis Rois, agus nuair a bha mi rud beag nas sine, ghabh mi pàirt ann an Deasbad Nàiseanta BT agus cuideachd Ri Chèile, deasbad eadar Alba agus Èirinn.

Agus a-nis seo mi, air sgeama luchd-ceumnachaidh Chomunn na Gàidhlig, còmhla ri Comann nam Pàrant. Chan eil mi fhèin na mo phàrant fhathast, ach tha mi an dòchas gum bi an t-eòlas a th' agam air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig gach ìre feumail airson cuideachadh gus an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig ag àrdachadh.



Coinneach Maccoinneach
Oifigear Phàrant



Fèille Leanaibh na Gàidhealtachd agus an Eastgate

Tha na pàrantan againn ann an Inbhir Nis air a bhith glè thrang 's na mìosan a dh'fhalbh. Bha Comann nam Pàrant an làthair am bliadhna aig Fèille Leanaibh na Gàidhealtachd. Ghabh am fèill àite thar da latha (1mh/2mh Dàmhair) aig Eden Court ann an Inbhir Nis, agus bha e gu math soirbheachail. Bha Comann nam Pàrant an làthair airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a bhrosnachadh agus airson ceistean sam bith a bh' aig pàrantan (agus pàrantan fiughaireach) a fhreagairt. Ghabh mòran dhaoine deagh ùidh ann am FTMG agus bha feadhainn fiù's airson fhaighinn a-mach ciamar a b' urrainn dhaibh fhèin a' chànan

ionnsachadh.

Bha Comann nam Pàrant agus CnaG cuideachd an làthair anns an Eastgate airson latha aig deireadh an Dàmhair airson fiosrachadh a sgaoileadh mu FMG. Bha Nip an cois cuideachd!

Bu chaomh le Comann nam Pàrant taing a thoirt don luchd-comhairleachaidh phàrant air feadh Alba airson an obair a tha iad air a bhith dèanamh a' brosnachadh foghlam Gàidhlig.



COMANN NAM PÀRANT

Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2012-17

Tha Bòrd na Gàidhlig an-dràsta a' gabhail co-chomhairleachadh air an dreach plana nàiseanta Gàidhlig. Bidh a' cho-chomhairleachadh a' ruith gu 5 Faoilleach agus, leis gu bheil cuideam sònraichte ga chur air tar-chur cànan san dachaigh agus air fàs foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig, tha sinn an dòchas gun tèid pàrantan an sàs sa cho-chomhairleachadh agus gun cuir iad beachdan an cèill. Tha am plana ag amas '*stad a chur air crìonadh na Gàidhlig le bhith ag àrdachadh an àireamh de luchd-labhairt ùra a tha air an cruthachadh gach bliadhna chun na h-aon ìre ris na thathar a' call den luchd-labhairt as sine.*' Cho math ri bhith a' neartachadh an t-àr-chur Gàidhlig san dachaigh tha e na amas an àireamh de chloinn a' dol a-steach do FMG gach bliadhna a dhùblachadh gach bliadhna taobh a-staigh ùine a' phlana, targaid a tha dòchasach agus a dh' fheumas taic làidir bho pàrantan air feadh Alba. Mar sin, 's e seo ur cothrom, mar phàrantan, innse do Bhòrd na Gàidhlig na tha sibhse fhaicinn gus pàrantan a bhrosnachadh gu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig leis a' chloinn san dachaigh? Dè is urrainn dhuinn a dhèanamh gus barrachd chloinne a thèladh gu FMG?

Tha am plana ri fhaighinn air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig aig www.gaidhlig.org.uk agus gheibhear cuideachd stiùireadh air mar a chuireas sinn beachdan an cèill.



Aithisg HMIe 'Togail air Soirbheachadh, sùil air na bacaidhean'

'S e aithisg HMIe, a chaidh a foillseachadh san Ògmhios, a' chiad aithisg nàiseanta bhon Luchd-sgrùdaidh air adhartas agus ceistean a thaobh foghlam Gàidhlig bho chaidh 'Leasachadh Coileanaidh ann an Gàidhlig' fhoillseachadh ann an 2005, agus tha i stèidhte air fianaisean bho sgrùdaidhean foghlaim eadar 2006 agus 2011.

Tha an aithisg a' mìneachadh an cleachdadh as fheàrr ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a thaobh bogadh cànan agus cho cudromach sa tha e a bhith dèanamh cinnteach gun tèid an curraicealam a lìbhrigeadh gu tur tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha an easbaidh de stiùireadh nàiseanta sgrìobhte airson cleachdadh as fheàrr ann an foghlam tro mheadhan air a thogail san aithisg, cho math ris an dìth adhartais aig ìre na h-àrd-sgoile agus an fheum a th' ann airson gluasad nas èifeachdaiche eadar bun-sgoil agus àrd-sgoil.

Gheibhear an aithisg aig <http://www.hmie.gov.uk/documents/publication/gebse.html>



COMANN NAM PÀRANT

Bilingualism Matters - Meur Nan Eilean Siar Ga Stèidheachadh



Antonella Sorace aig 'Bilingualism Matters'

Bha an iomadh buannachd a thig an lùib dà-chànanas sna h-Eileanan an Iar aig crìdhe iomairt agus goireas ùr a chaidh a chur air bhog mar phàirt de dh'Iomal a' Mhòid an Steòrnabhagh san Dàmhair - Meur nan Eilean Siar de 'Bilingualism Matters'.

Ged a tha na buannachdan cultarach do luchd-labhairt na Gàidhlig aithnichte gu leòr, chan eilear ach a' tòiseachadh a bhith a' tuigsinn na buannachdan tùrail a thig na lùib cuideachd, ge bith dè an cànan eile air a bheil sinn a-mach. Dè an cothrom a th' againne air ar starsaich, aig bàrr ar sròine, ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig? Cothrom a bheir buannachdan fada a bharrachd air fileantas ann an Gàidhlig - agus Beurla - cudromach 's gu bheil sin fhèin.

Tha an obair aig an eòlaiche-cànain an t-Oll Antonella Sorace air na buannachdan aig dà-chànanas aig crìdhe a' phròiseict ùr, nua-thionnsgach seo. Mar Ollaimh airson Cànanachas Leasachail aig Oilthigh Dhùn Èideann, tha an rannsachadh cudromach aice air cur às gu tur dhan bheachd gu bheil dà chànan ag adhbharachadh inntinn troimh-chèile ann am pàiste agus a' cur bacadh air adhartas eanchainn. 'S ann a tha cùisean an taobh eile - tha a h-obair a' sealltainn gu bheil clann dà-chànanach a' faighinn tòrr a bharrachd ann an iomadh dòigh na clann aig a bheil aon chànan a-mhàin.

Chruinnich grunn dhaoine aig coinneamh neo-fhoirmeil anns an Lanntair agus chaidh fàilte a chur orra le Seonag NicFhionnghain, Stiùiriche Sheirbheisean Foghlaim agus Chloinne aig Comhairle nan Eilean Siar, agus chuala iad bhon Oll. Sorace nuair a mhìnich i an cothr om 'dà-chànanas' air leth a bha ri fhaighinn tro FMG anns na h-Eileanan an Iar. Bhruidhinn Iar-cheannard Sgoil MhicNeacail, Aonghas MacIllinnein, air an suidheachadh 'dà-chànanach' àraidh a tha ri fhaighinn sna h-Eileanan an Iar tron Ghàidhlig ann an òraid a bha an dà chuid èibhinn agus brìoghmhor. Gu sònraichte, bhruidhinn e air dleasan a th' òirne mar phàrantan, bhuidhnean agus choimhearsnachdan, eisimpleir dà-chànanach a shealltainn dhan ath ghinealach sna h-eileanan agus a' Ghàidhlig a chleachdadh cho tric 's as urrainn ann an iomadh suidheachadh.

A' riochdachadh a' mheur ùr sna h-Eileanan an Iar, thug an co-òrdanaiche ionadail Iona Nic an t-Sagairt, taing dhan h-uile neach a thug òraid, gu h-àraid an t-Oll Sorace, agus a' Chomhairle agus Comann nam Pàrant airson an taice ann an bhith a' stèidheachadh a' Mheur. Le sgioba beag ionadail a-nis air an trèanadh, thuir i gu robh iad a' coimhead air adhart ri bhith a' sealltainn do dh'Eileanaich cho follaiseach sa tha buannachdan dà-chànanas, agus gu robh iad nam pàirt chudromach den chothrom a bha an lùib FMG anns na h-Eileanan. Cho math ri bhith a' cur air dòigh tachartasan eadar-dhealaichte, neo-fhoirmeil, thuir i gun còrdadh e ris an sgioba cluinntinn bho bhuidhnean no bho phàrantan sam bith a bha airson tuilleadh fiosrachaidh fhaighinn.

Airson tuilleadh fiosrachaidh air 'Bilingualism Matters', thèid gu www.bilingualism-matters.org.uk